



## Tiotal: Aonta agus an Lagh

Ìre: TREAS/CEATHRAMH

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
Tha mi a' tuigsinn gum faod cumhachd a bhith an taobh a-staigh dhàimhean agus a bhith air a chleachdadadh gu deimhinneach cho math ri àicheil. HWB 4-45a	<ul style="list-style-type: none"><li>A' dèanamh sgaradh eadar cumhachd agus mì-fheum cumhachd ann an dàimhean, mar eisimpleir, spèis, earbsa, fòirneadh, aonta.</li></ul>

### Amasan ionnsachaidh

- Gum bi fios aig daoin' òga gu bheil aonta ann an dàimh mu chonaltradh agus spèis agus gu bheil e a' ciallachadh cead iarraidh air neach eile airson rud a dhèanamh.
- Gun tuig daoin' òga na tha an lagh ag ràdh mu aonta feiseil.
- Gun tuig daoin' òga na cuideaman a th' air daoin' òga a thaobh a bhith ann an dàimhean, a' gabail a-steach dhàimhean feiseil.

### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh na thathas a' ciallachadh le aonta ann an dàimhean a mhìneachadh.
- 'S urrainn dhomh mìneachadh na thathas a' ciallachadh le aonta feiseil.
- Tha mi a' leasachadh mo thugse, mo sgilean agus mo chomas gus mì-fhìn a chur an cèill ann an dàimhean airson 's gun urrainn dhomh na rudan a tha mi ag iarraidh agus nach eil mi ag iarraidh innse.
- Tha tuigse agam den lagh timcheall air casaidean feiseil/aonta feiseil.

### Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint (Tha aig an tidsear/neach-foghlaim ris an slaighd mu dheireadh a chur a-steach le fiosrachadh ionadail)
- Film: Screwball (faid 12 mion. 22) <https://www.truetube.co.uk/film/screwball> Dèante le TrueTube, làrach-lìn do sgoiltean a tha air iomadh duais a ghleidheadh, Tha am film an-asgaidh, ach tha feum air cunntas no log-in).
- Film: How do you know if someone wants to have sex with you? (3 mion. 50)  
<https://youtu.be/qNN3nAevQKY>
- 10 pòis fiosrachaидh mu aonta (air cairtean airson còmhradh buidhne)
- No consent = No Fairy Tale (1 mhion. 10) <https://youtu.be/QJTqpydWFNA>

## Obair

1. Tòisich an seisean mar seo: Bidh an clas/a' bhuidheann an-diugh a' coimhead air aonta, gu sònraichte dè tha aonta a' ciallachadh nuair a bhios daoine ri feise, agus na tha an lagh ag ràdh. Can riutha nach eilear a' gabhail ris gu bheil daoine òga ri feise, tha seo gan ullachadh airson beatha inbheach, gum faod daoine òga na co-dhùnaidhean math aca fhèin a dhèanamh a thaobh cuin a tha iadsan deiseil airson feise.
2. An toiseach, coimheadaibh am film **Screwball** còmhla – 's e comadaidh a th' ann mu Ryan agus Natalie – dithis a tha a' strì ris a' chiad eòlas feiseil aca agus a' dèiligeadh ris na tha dùil aig càch a-chèile ris. Nuair tha sibh air am film a choimhead faigh fios air ais agus beachdan.  
Screwball (faid 12 mion. 22) <https://www.truetube.co.uk/film/screwball>
3. **Sàbhailte agus a' faireachdainn sàbhailte.** Lean air adhart le bhith a' mìneachadh mar a bhios fios aig na daoine òga, gu bheil còir aca a bhith fallain, toilichte agus sàbhailte nan dàimhean. Mìnich gu bheil thu airson gun smaoinich iad gu sònraichte mu bhith **sàbhailte**. Iarr orra obrachadh còmhla ri caraid gus smaoineachadh air dè bhiodh ann an dàimh 'sàbhailte', agus an uair sin faodaidh iad fios a thoirt air ais dhan bhuidheann agus deasabad a dhèanamh. Às dèidh beagan còmhraigdh dh'fhaodadh na slaghdean a leanas (4 gu 9) a chleachdadh gus ruith thairis agus sgrùdadadh a dhèanamh air na tha daoine òga a' smaoineachadh de na feartan sin de dhàimh shàbhailte, till air ais gu Ryan agus Natalie far a bheil sin feumail.

**Ma tha thu ann an dàimh, tha còir agad a bhith fallain, toilichte agus sàbhailte. Ach a' smaoineachadh air na tha a bhith SÀBHAILTE ann an dàimh a' ciallachadh, ciamar a tha sin ag obair sa bheatha làitheil? Tha a bhith sàbhailte a' ciallachadh...**

4. Mìnich gu bheil e na phàirt de dhàimh, nuair a tha thu a' faireachdainn gu bheil thu deiseil, a bhith ri feise ma thogras tu. Cuir a' cheist: **Ciamar a bhios fios agad gu bheil neach airson a bhith ri feise còmhla riut?** Iarr air na daoin' òga obrachadh nan dithis, chan fheum iad sòn a sgrìobhadh ach an urrainn dhaibh smaoineachadh air 5 beachdan?

An ceann greis, iarr fios-air-ais (saor-thoileach, na tig timcheall an t-seòmair). Sgrìobh am fios-air-ais mar a tha e air a thoirt seachad air a bhòrd. Bhon fhios-air-ais tagh rud sam bith as fhiach barrachd sgrùdaidh, rud a tha thu a' smaoineachadh a dh'iarradh barrachd soilleireachaidh. Mar eisimpleir, ma chanas neach 'gu bheil fios agad' can 'ma tha, thoir dhomh eisimpleirean de rudan a tha a' ciallachadh gu bheil fios agad...?' (Cuir ceistean soilleireachaidh ris a' chlas gu lèir, cha ann a-mhàin ris an neach a thug seachad an fhreagairt.) Mìnich gu bheil thu a' dèanamh seo airson a bhith gu math soilleir mu na dh'fhaodadh sinn a bhith a' ciallachadh.

5. Inns beagan mun fhilm agus coimheadaibh air: **How do you know if someone wants to have sex with you?** (3 mion. 50) <https://youtu.be/qNN3nAevQKY> Gabh ciad bheachdan, fios-air-ais. (Tha am film seo cuideachd na phàirt de stuthan S1 *Make it Good*)
6. **Aonta feiseil agus an Lagh.** Mìnich gu bheil an lagh a' cur an cèil cuid de rudan cudromach mu dheidhinn feise agus aonta a dh'fheumas daoin' òga a thuigsinn. Tòisich leis a' chiad shlaighd, a' dèanamh cinnteach à tuigse, 'S dòcha nach robh daoine òga a' tuigsinn farsaingeachd 'feise' a rèir an lagh agus dè a tha a' cunntadh mar fheise.

Ma tha thu a' dèanamh rud sam bith feiseil còmhla ri neach eile, feumaidh tu a bhith cinnteach gu bheil iad toilichte agus ag aontachadh gu saor ris a' ghnìomh fheiseil. Canaigh sinn toirt seachad aonta ris an seo.

Tha gniomhan feise a' gabhail a-steach a bhith a' suathadh ri bodhaigean agus buill-ghineamhainn (na pàirtean priòbhaideach agad) a chèile agus feise steachail, 'S e seo nuair a chuireas duine corragan no bod no rudeigin eile a-steach do bheul, fhaighean no do thòin neach eile.

An uair sin seall an ath 2 shlaighd air a bheil fiosrachadh mun Achd Eucoirean Feiseil (Alba). 'S d' fhiach a mhìneachadh dè tha cuid den chànan a' ciallachadh, mar eisimpleir dh'fhaodadh 'nochdad' feiseil a bhith a' ciallachadh a' sealtainn do bhuill-gineamhainn, is dòcha gum bi' conaltradh mì-iomchaidh a' ciallachadh a bhith a' cur *nudes/dealbhan* de na pàirtean priòbhaideach agad gu daoine, 's dòcha gum bi *voyeurism* a' ciallachadh a bhith a' coimhead air cuideigin ann an seòmar-deasachaidd no *cubicle*. Dh'fhaodadh toirt seachad stuth airson adhbharan feise a bhith a' ciallachadh a' cur dhrogaichean ann an deoch cuideigin. Tha slaighd 14 a' dèiligeadh gu sònraichte ris a' chleachdad' ris an canar 'upskirting'. Feumaidh fios a bhith aig daoine òga gu bheil seo mì-laghail.

Tha laghanan ann airson ar dòn bho ghiùlan cronail, feiseil, droch-dhìol agus dubh-shaothrachadh. 'S e lagh cudromach a th' ann an Achd nan Eucoirean Feiseil (Alba) 2009.

Tha an lagh seo gar dòn gu lèir bho:

- Èigneachadh
- Ionnsaigh dhrabasta (fheiseil)
- A' fòirneadh neach gu bhith an làthair rè gniomh feiseil
- A' fòirneadh neach gus coimhead air iomhaigh fheiseil dhrabasta
- A' conaltradh ann an dòigh mì-iomchaidh
- Taisbeanadh feiseil
- Toirt seachad stuth airson adhbharan feise.

Tha 'up-skirting' a-nis na phàirt de Achd nan Eucoirean Feiseil (Alba) 2009 a-nis san earrann air Voyeurism.

NÒTA: Ge-tà, chan eil sòn dhèn seo na chomhairle 'laghail', 's e a th' ann ach fiosrachadh an àite gur e fiosrachadh a th' ann. Tha sinn dìreach a' feuchainn ri bhith cinnteach gu bheil daoine òga a' tuigsinn gu bheil an lagh a' buntainn ri aonta feise agus gum feum beagan tuigse a bhith aca air seo. Ma thèid ceist fhaighneachd nach urrainn dhut mar neach-foghlaim a fhreagairt, no ma tha thu a' faireachdann gu bheil feum aig duine òg air comhairle nas fheàrr, faodaidh tu bruidhinn riutha às dèidh an t-seisein sin agus taic a thoirt dhaibh gus faighinn gu fiosrachadh agus comhairle fallaineachd feise no comhairle agus taic eile. Coltach ris a h-uile suidheachadh, feumaidh an neach-foghlaim modhan dòn chloinne a leantainn ma tha draghan gan togail.

- 7. Obair: 10 pìosan fiosrachaidh mu aonta.** Inns dhan chlas/bhudheann gu bheil beagan fiosrachaidh agad mu dheidhinn feise agus aonta air am bi na daoin' òga a' beachdachadh. Mìnich gu bheil 10 rudan ri chuimhneachadh mu aonta agus gu bheil iad air na cairtean (faic am prop a chaidh a thoirt seachad) a tha thu a' toirt dhaibh. Iarr orra an slighe obrachadh tro na cairtean, ann an dithisean no

triùirean, agus an cur ann an dà roinn: AGAM/A' TUIGSINN no MÌ-CHINNTEACH/THA CEIST AGAINN. Inns dhaibh gu bheil e ceart gu leòr a bhith mì-chinnteach no gu bheil ceistean agaibh. An ceann greis, tòisich beagan deasbaid timcheall air na buidhnean mu na 10 cairtean fiosrachaidh. Dè thathas a' tuigsinn gu math? A bheil sòn ùr ann? A bheil feum air sòn a shoilleireachadh?

8. Tha am film goirid seo (1 mion. 10) bho Amnesty International èibhinn agus freagarrach: **No consent = No Fairy Tale** <https://youtu.be/QJTqpydWFNA>
9. Crìochnaich le bhith a' toirt taing dha na daoin' òga airson pàirt a ghabhail. Cuimhnich dhaibh gu bheil thusa timcheall ma tha ceist aca no iomagain orra. Cuideachd cuimhnich dhaibh (cleachd an slaighd mu dheireadh 's tu air am fiosrachadh ionadail a chur a-steach) càit am faigh iad fiosrachadh slàinte agus fallaineachd feise agus taic dhìomhair do dhaoin' òga gu h-ionadail. Mu dheireadh cuir nan cuimhne gum bi daoin' òga dhen aois acasan cuideachd fhathast a' cleachdad ChildLine bhon a tha e a' tabhann seirbheis dhìomhair agus cuideigin ris am bruidhinn iad.

#### **10. Beachdan eile/Gníomhan:**

'S dòcha gu bheil eòlas aig na daoin' òga air na filmichean seo. Tha iad math agus gabhaidh an cleachdad san t-seisean seo no nas fhaide air adhart gus ruith thairis air na prìomh phuingean mu aonta. Tha a' chiad fhilm a' cleachdad meatafor aonta feiseil agus a' tabhann cupa tì.

**Consent – cup of tea** <https://youtu.be/u7Nii5w2FaI> (2 mhion. 58) Seo film math eile: **Cycling through Consent**, Càrtùn Canèidianach stèidhte air a' chartùn mu thi/aonta: <https://youtu.be/-JwlKjRaUaw> (3 mion. 47)

#### **Ceangal ris an dachaigh**

*Dh'fhaodar an teacs seo a chleachdad airson fios a chur dhachaigh mu obair a' bhloc seo.*

Mar phàirt den ionnsachadh againn an teirm seo mu dhàimhean, tha sinn a' bruidhinn mu na tha sinn a' ciallachadh le aonta. Gu sònraichte tha an òigradh a' smaoineachadh dè tha aonta a' ciallachadh nuair a thig e gu feise. Chan eilear a' gabhail ris gu bheil daoine òga ri feise. Tha seo mu bhith ag ullachadh airson beatha mar inbheach, airson 's gun urrainn do dhaoine òga deagh cho-dhùnaidhean a ruighinn dhaibh fhìn a thaobh cuin a tha feise ceart dhaibhsan. Feumaidh tuigse a bhith aig daoine òga cuideachd air na tha an lagh ag ràdh a thaobh feise agus aonta.

Thèid na filmichean goirid seo a chleachdad. Tha iad a' dèiligeadh ris na prìomh theachdaireachdan a thaobh na bhios sinn ag ionnsachadh.

**How do you know if someone wants to have sex with you?** <https://youtu.be/qNN3nAevQKY>

**Consent – cup of tea** <https://youtu.be/u7Nii5w2FaI>

**Cycling through Consent:** <https://youtu.be/-JwlKjRaUaw>

## Nòtaichean Tidseir